

Fèisean nan Gàidheal

Stiùireadh airson Coileanadh Mheasaidhean Cunnairt

Ri leughadh còmhla ris an Liosta Ghnìomhan airson Tomhas Cunnairt agus am Foirm Measadh Cunnairt

1	Deuchainnean ron Fhèis	
1.1	<p>Thathas cinnteach às gu bheil an t-àite freagarrach – Seòmraichean & Raon-cluiche (faicibh cuideachd earrainnean 3 agus 12)</p> <p>Bheir buill de chomataidh na Fèise sùil air an àite co-dhiù mìos mus tòisich an Fhèis.</p> <p>Dèanaibh cinnteach gu bheil meud nan seòmraichean iomchaidh do na clasaichean a bhios ann agus gu bheil iad so-ruigsinn, a' cuimhneachadh air nithean a leithid gum faodadh daoine a bhith a' giùlan ionnstramaidean troma, a' gabhail chlasaichean dannsa, msaa. Bu chòir don togalach a bhith ann an deagh staid, no bu chòir do raointean nach eil sàbhailte a bhith glaiste.</p>	
1.2	<p>Fhuaras Foirmichean-Ceadachaidh Phàrantan (le fiosrachadh conaltraidh)</p> <p>Mas urrainnear bu chòir dhuibh foirmichean-ceadachaidh phàrantan fhaighinn còmhla ris an fhoirm airson àite a ghleidheadh aig an Fhèis. Feumaidh sibh am faighinn co-dhiù ron Fhèis fhèin gus an urrainn dhuibh frithealadh air feumalachdan bìdh no feumalachdan sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' phàiste: - Am feum sibh na seòmraichean a roinn às ùr gus frithealadh air pàiste ciormach agus cuspairean a roghnaich e/i? Am feum eadar-theangair BSL a bhith agaibh airson pàiste a tha bodhar? An d' fhuair luchd-teagaisg is luchd-stiùiridh, a bhios a' gabhail uallach airson a' phàiste aig an Fhèis, fiosrachadh mu na feumalachdan sònraichte aca – an sac, tinneas an t-siùcair, an tinneas tuiteamach, duilgheadasan ionnsachaidh?</p>	
1.3	<p>Duilgheadasan meidigeach air an comharrachadh sna foirmichean</p> <p>Faicibh gu h-àrd. Am feum sibh neach-stiùiridh/cuideachaidh sònraichte a chur air dòigh?</p>	
1.4	<p>A' frithealadh air feumalachdan sònraichte</p> <p>Faicibh gu h-àrd. An lùib seo, dh' fhaodadh gum bi sibh a' cleachdadh uidheam shònraichte, neach-cuideachaidh, a' deasachadh biadh sònraichte, no a' toirt cofhurtachd shònraichte do phàiste a tha air càirdean/caraidean a chall o chionn ghoirid. Bu chòir fios mu fheumalachdan sònraichte sam bith a bhith aig gach neach a dh'fhaodadh a bhith a' teagasg no a' stiùireadh pàiste leis na feumalachdan sin, ach feumar cuideachd cuimhneachadh air còraichean prìobhaideachd a' phàiste agus cha bu chòir ach na daoine a dh'fheumas am fiosrachadh fhaicinn.</p>	
1.5	<p>Cùmhnantan & Fiosrachadh do luchd-teagaisg/luchd-stiùiridh</p> <p>Bu chòir cùmhnantan a chur gu luchd-teagaisg cho luath 's as urrainnear (thathar a' moladh an cur co-dhiù trì mìosan ron Fhèis) nuair a tha sibh air an gleidheadh, le deitichean na h-obrach, pàigheadh, cosgaisean siubhail, àiteachan-fuirich ma dh'fheumar, clasaichean, agus dleastanasan air an oidhche. Bu chòir tuilleadh fiosrachaidh a chur gu luchd-teagaisg ron Fhèis, mar na h-àireamhan a thathar a' sùileachadh, cuspair na Fèise (ma tha sin iomchaidh), agus fiosrachadh mu chloinn sam bith sa chlas aca le feumalachdan sònraichte. Bu chòir coinneamh a chumail le luchd-teagaisg is luchd-stiùiridh mus tòisich na clasaichean, gus cur an cuimhne dhaoine na dleastanasan dìon chloinne aca, stiùiridhean airson teicheadh ma tha teine no cùis èiginn ann, cò an t-oifigear dìon chloinne agus an t-oifigear sàbhailteachd, agus fiosrachadh cudromach sam bith eile.</p>	
1.6	<p>Mura dèanar Dearbhadh Pearsanta air Luchd-teagaisg/Luchd-stiùiridh/Buill Shaor-thoileach nan Comataidhean</p> <p>Tha e air a bhith na phoileasaidh do dh'Fhèisean nan Gàidheal fad grunn bhliadhnaichean dèanamh cinnteach gun deach dearbhadh pearsanta (leasaichte) a dhèanamh tro Disclosure Scotland air gach neach-teagaisg, neach-stiùiridh, neach saor-thoileach agus ball comataidh</p>	

	<p>a bhios an làthair aig an Fhèis no a bhios a’ dèiligeadh (tro obair sam bith) ri clann a bhios aig an Fhèis. Tha seo a’ ciallachadh gun d’ fhuaras am fiosrachadh bho Disclosure Scotland mun neach-teagaisg agus gu bheil Neach-cruinneachaidh Fèisean nan Gàidheal air sùil a thoirt air agus gu bheil iad riarachta leis. Mura dèan Fèisean seo bidh iad a’ bristeadh chùmhnanntan na ballrachd aca agus chan fhaigh iad an tabhartas aca. Ma dh’èireas cùis èiginneach (me, neach-teagaisg a tha tinn), bu chòir do neach saor-thoileach air an do rinneadh dearbhadh pearsanta leasaichte a bhith sa chlas cuideachd ma tha neach-teagaisg ann air nach do rinn Fèisean nan Gàidheal dearbhadh pearsanta. Cha bu chòir uair sam bith clas a chumail far nach eil co-diù aon neach-teagaisg/-stùiridh ann air an do rinneadh dearbhadh pearsanta tro shiostam Fèisean nan Gàidheal.</p>	
1.7	<p>Gun Inbhean Slàinteachas Bìdh iomchaidh Bu chòir, mas urrainnear, teisteanasan Slàinteachas Bìdh a bhith aig luchd-obrach (cunnradair, luchd-obrach bho chidsin na sgoile no buill shaor-thoileach na comataidh) agus feumaidh iad a bhith tuigseach air cho cudromach agus a tha slàinteachas ann an deasachadh bìdh. Tha cunnart ann gun tèid cuideigin a phuinneanachadh mura cumar ri inbhean slàinteachas bìdh. Tha riaghailtean ann airson biadh a stòradh, diofar sheòrsaichean bìdh a chumail air falbh bho chèile, biadh a dheasachadh agus glaineadh, ris am bu chòir dhuibh cumail nuair a tha sibh a’ deasachadh biadh. Faicibh làrach-lìn Buidheann Inbhe-Bìdh aig www.food.gov.uk</p>	
1.8	<p>Luchd-obrach sa chidsin/bùth-bìdh a tha aineolach mu aileirgidhean Bu chòir fios mu aileirgidhean daonnan a bhith aig luchd-obrach a tha a’ deasachadh biadh, agus bu chòir dhaibh a bhith mothachail air dè dh’fhaodadh tachairt ma ghabhas cuideigin biadh dha bheil iad aileirgic no nach fhulaing am bodhaig. Faodaidh daoine bàsachadh le cuid a dh’aileirgidhean bìdh; agus thig broth air daoine no bidh iad a’ cur a-mach le feadhainn eile. ‘S dòcha gum feum sibh frithealadh air daoine nach urrainn biadh a ghabhail anns a bheil toraidhean bainne no cruithneachd.</p>	
1.9	<p>Mura h-ainmich sibh Oifigear Dìon Chloinne Bu chòir Oifigear Dìon Chloinne ainmichte a bhith aig gach Fhèis. Bidh e an urra ris an oifigear seo (a tha, mar as trice, na bhall den chomataidh) dèanamh cinnteach gun deach dearbhadh pearsanta a dhèanamh air gach neach-obrach, agus bi e an urra riutha Poileasaidh Dìon Chloinne Fèisean nan Gàidheal a chur an sàs, agus poileasaidh sam bith eile a th’ aig an Fhèis chum maith na cloinne fhad ‘s a tha iad aig an Fhèis. Mar as trice, bidh iad air aon den luchd-obrach a bheir fiosrachadh do luchd-teagaisg/-stùiridh air Latha 1 den Fhèis, mu nithean mar fheumalachdan sònraichte, dìon chloinne agus dleasan slàinte is sàbhailteachd.</p>	
1.10	<p>Mura h-eil Ciad-chobhair iomchaidh ann Bu chòir ceumannan a bhith ann gus dèiligeadh ri suidheachaidhean a dh’èireas far am bi ciad-chobhair a dhìth, as bith ann an do chloinn, luchd-obrach no luchd saor-thoileach a tha e. Tha Fèisean nan Gàidheal a’ cumail chùrsaichean air Ciad-chobhair Èiginneach gu cunbhalach mar phàirt den Fhèis Trèanaidh, agus cuidichidh iad luchd-obrach nam Fèisean a tha ag iarraidh cùrsa a ghabhail aig buidheann eile mar a’ Chrois Dhearg. Bu chòir fios a bhith aig gach neach-teagaisg, neach-stùiridh agus neach saor-thoileach air cò an neach ciad-chobhair ainmichte aca agus càite a bheil am bogsa Ciad-chobhair. Bu chòir liosta de dh’àireamhan fòn a bhith ri làimh airson dotairean, an t-ospadal, msaa, no ann an èiginn, 999. Faodar beatha chuideigin a shàbhailadh ma tha neach ann a tha comasach air ciad-chobhair a dhèanamh san spot, agus cuideachd dh’fhaodadh iad an duine a chumail beò gus an tig luchd-meidigeach proifeiseanta.</p>	
1.11	<p>Mura h-eil ceumannan iomchaidh ann gus dèiligeadh ri Teine is Cùisean Èiginn Mar as àbhaist, bidh soidhnichean ann an ionadan, mar sgoiltean is tallaichean poblach, a tha ag innse mu na ceumannan gus an togalach fhalamhachadh ma tha teine ann – bu chòir</p>	

	<p>ball den chomataidh sùil a thoirt orra sin. Bu chòir sùil a thoirt air dorsan teine, agus bu chòir dhaibh a bhith gun chnap-starra. Cha bu chòir ionnstramaidean, càbaill, bùird no sèithrichean a bharrachd, no gnìomhachd sam bith a bhith suidhichte far an cuireadh iad maill air daoine falbh tron doras teine. Bu chòir deuchainn rabhadh teine a chumail air a' chiad latha den Fhèis gus am bi fios aig inbhich is clann air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh. Mura h-eil an rabhadh teine a' cur fios gu na seirbheisean èiginn (bu chòir dèanamh cinnteach às an seo ron Fhèis), bu chòir dha a bhith an urra ri cuideigin fòn a chur chun na Seirbheis Smàlaidh ma tha teine ann, agus dèanamh cinnteach gum fàg a h-uile duine an togalach. Tha clàran clas is na Fèise gu math cudromach a thaobh sin. Tha e deatamach gu bheil fios agaibh cò tha a dhìth bho na clasaichean gus am bi fios aig an luchd-teasairginn gu bheil còir aca coimhead air an son gus nach eil. Air an làimh eile, dh'fhaodadh luchd-teasairginn a bhith gan cur fhèin ann an cunnart gun adhbhar ma tha iad a' coimhead airson pàiste nach robh san togalach sa chiad dol-a-mach. Tha ceò cunnartach, agus faodaidh e a bhith a cheart cho cunnartach ri teine. Tha tòrr dhaoine a' bàsachadh gach bliadhna air sgàth 's mar a ghabh iad ceò air an anail, agus chan ann air sgàth lasraichean teine fhèin.</p>	
2	A' fàgail is a' togail clann	
2.1	<p>Àite sàbhailte airson dol ann an/a' tighinn far bhuisaichean is chàraichean Bu chòir àite sàbhailte a bhith ann airson clann a thogail/fhàgail aig an Fhèis. Bu chòir don àite shàbhailte a bhith air an aon taobh den rathad agus a tha an t-ionad far a bheil an Fhèis a' tachairt, agus bu chòir rùm gu leòr a bhith ann gus am faod daoine tighinn far nam busaichean is càraichean gu sàbhailte gun a bhith a' dol faisg air an rathad nuair a tha càraichean ann. 'S dòcha gum bi sibh feumach air luchd-stiùiridh gus a' chlann a thoirt tarsainn an rathaid. Fiù 's ann an àiteachan air an dùthaich, dh'fhaodadh gun tèid ur leagail le càr nuair a tha sibh a' dol tarsainn rathaid, agus bu chòir gun tèid na stiùiridhean seo a chur an sàs an-còmhnaidh.</p>	
2.2	<p>Neach-stiùiridh aig an doras/geata gus pàrantan/clann a stiùireadh chun an àite-clàraidh Bu chòir dhuibh neach ainmeachadh a stiùireas pàrantan is clann chun an àite far an clàraich iad air a' chiad latha den Fhèis. Bu chòir don neach seo cuideachd dèanamh cinnteach nach fhaigh duine a-steach don togalach gun chead.</p>	
2.3	<p>Àite-clàraidh – pàrantan a' clàradh clann agus a' dèanamh cinnteach à fiosrachadh conaltraidh Bu chòir do phàrantan/luchd-cùraim fhèin an cuid chloinne a thoirt don Fhèis air latha 1, gus am pàiste a chlàradh, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh airson am pàiste (mar àireamhan fòn èiginn, feumalachdan sònraichte, fiosrachadh meidigeach) ceart is iomchaidh.</p>	
2.4	<p>Dòighean gus clann a chumail toilichte nuair a tha iad a' feitheamh ri càch a bhith deiseil a chlàradh, me, geamannan, cur-seachadan Bu chòir geam no cur-seachad eile a chur air dòigh gus clann a tha air clàradh a chumail toilichte gus an tòisich na clasaichean. Cha bu chòir dhuibh leigeil leotha cluich gun stiùireadh, no an togalach fhàgail.</p>	
2.5	<p>Soilleir do luchd-obrach dè tha a' tachairt nuair a thathar a' togail clann (cò/cuin/ciamar) Bu chòir dha a bhith soilleir do luchd-obrach na Fèise dè tha a' tachairt nuair a thig an t-àm airson clann a thogail (cò tha a' dol gan togail) agus bu chòir innse do phàrantan/luchd-cùraim aig àm-clàraidh air latha 1 cuin a bu chòir dhaibh an cuid chloinne a thogail nuair a tha an Fhèis deiseil.</p>	
2.6	<p>Modhan obrach ma bhios tubaist aig pàiste tron latha no ma dh'fhàsas iad tinn Air an fhoirm-ceadachaidh phàrantan bu chòir dà ainm a bhith ann cuide ris na h-àireamhan fòn aca, àireamhan fòn-làimhe ma tha iad aca, agus càite am faighear grèim orra ma tha tubaist ann, no ma dh'fhàsas am pàiste tinn, no ma dh'èireas cùis èiginn eile. Cuideachd, bu</p>	

	chòir dhaibh innse san fhoirm am faod cobhair mheidigeach a dhèanamh air pàiste nuair nach eil na pàrantan an làthair.	
2.7	Dè thachras mura nochd pàiste (latha/clas) Mura nochd pàiste, a bha clàraichte gus frithealadh air Fèis, latha sam bith, bu chòir ceumannan a bhith agaibh gus fios a chur gu pàrantan mur an d' fhuaras fios bho na pàrantan mu carson nach eil am pàiste ann. Bu chòir àireamh fòn a thoirt do phàrantan leis am faod iad fios a chur mura bi am pàiste aca an làthair aon latha, no leis am faod iad innse ro làimh mu chruinneachaidhean teaghlaich, coinneamhan is eile a chaidh a chur air dòigh o chionn greis. Bu chòir clàr làthaireachd a chumail aig gach clas, gach latha, agus bu chòir fios a chur chun an Oifigeir Dìon Chloinne sa bhad mura h-eil pàiste an làthair agus nach d' fhuaras fios ag ràdh nach biodh iad ann. Cha bu chòir don neach-teagaisg an clas aca fhàgail gun stiùir gus innse mu phàiste nach eil an làthair, ach dh'fhaodadh an t-Oifigeir Dìon Chloinne no neach saor-thoileach dol timcheall aig toiseach gach clas gus dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann uile an làthair.	
2.8		
2.9		
2.10		
2.11		
3	Cho Iomchaidh sa tha an t-Ionad	
3.1	Toglaichean is Raointean-cluiche Bu chòir do thoglaichean is raointean-cluiche a bhith freagarrach, agus ann an staid shàbhailte. Bu chòir do sheòmraichean a bhith mòr gu leòr airson nan clasaichean, agus bu chòir don àirneis a bhith freagarrach do dh'aois na cloinne. Bu chòir uinneagan a bhith sna seòmraichean, agus mas urrainnear bu chòir glainne a bhith sna dorsan agus sna seòmraichean a-staigh. Bu chòir seòmraichean-èididh fa leth a bhith ann airson nigheanan is gillean, nuair a thathar ag iarraidh orra aodach spòrs a chur orra airson clasaichean spòrs.	
3.2	Stuth dhe bheil an togalach dèanta cugallach Bu chòir don togalach a bhith ann an deagh staid, agus cha bu chòir gum bi cunnart ann do phàist no inbhich.	
3.3	Raointean cluiche cunnartach/neo-chòmhnard Bu chòir do raointean-cluiche a-muigh is pàircean a bhith freagarrach, agus cha bu chòir dhaibh a bhith cunnartach do chluicheadairean no daoine eile.	
3.4	Side fhuar/fhliuch Cha bu chòir do luchd-teagaisg spòrs is luchd-stiùiridh raointean-cluiche leigeil le clann cluich a-muigh ma tha e ro fhliuch no ro fhuar. Ma thèid clann an glacadh ann am fras uisge, no ma dh'fhàsas iad fuar, bu chòir dèanamh cinnteach gum faigh iad blàths agus aodach tioram cho luath 's as urrainn.	
3.5	Losgadh grèine/fiabhras bho theas (uachdar-grèine, adan, aodach, san dubhar, nuair a chumar cur-seachadan a-muigh) Bu chòir do luchd-teagaisg spòrs is luchd-stiùiridh raointean-cluiche dèanamh cinnteach nach fhaigh a' chlann cus grian no teas ('s e an t-àm as cunnartaiche 11m-3f). Bu chòir aodach a chòmhdach an guailnean (an àite bheastaichean) a bhith air clann a tha a' cluich a-muigh, agus 's dòcha ad gus nach bi iad fon uiread a chunnart bhon ghrèin is teas. Gheibhear uachdar-grèine a nì dìon ùine fhada a dh'fhaodas pàrantan a chur air an cuid chloinne mus tig iad chun na Fèise ma tha iad an dùil gum bi a' chlann a-muigh sa ghrèin, no faodaidh clann uachdar-grèine a thoirt leotha agus a chur orra fhèin, no faodar cead fhaighinn gus am faod luchd-obrach uachdar-grèine a chur air clann òga. Tha daoine a chaidh an losgadh aig a' ghrèin tòrr nas buailtiche aillse craicinn fhulang (Cancer Research	

	<p>UK). Bu chòir do luchd-obrach an stiùireadh seo a leantainn cuideachd gus eisimpleir a shealltainn do chloinn.</p> <p>Beagan comhairle GHLIC</p> <p>Ma thèid ur losgadh aig a' ghrèin, faodaidh sibh a bhith an dà uiread nas buailtiche aillse craicinn fhulang. Mar sin, cha bu chòir dhuibh a bhith a-muigh sa ghrèin nuair a tha i aig àirde a neirt. Cha bu chòir dhuibh a dhol air <u>leabaidh-grèine</u> uair sam bith. Cuimhnichibh air comhairle Sunsmart</p> <ul style="list-style-type: none"> • Fuirichibh san dubhar eadar 11m is 3f • Dèanaibh cinnteach nach tèid ur losgadh • Feuchaibh ri ur dìon le lèine-t, ad is speucnairean-grèine • Bithibh fìor fhaiceallach le cloinn • Agus cleachdaibh uachdar-grèine factor 15+ <p>'S iad as motha ann an cunnart daoine a tha bàn sa chraiceann, tòrr bhall-dòrain no breacadh-seunain no le aillse craicinn a' ruith san teaghlach. Tha tòrr fiosrachaidh air <u>làrach-lìn Sunsmart</u> air mar a nì sibh dìon oirbh fhèin agus ur cuid chloinne an seo agus thall thairis.</p>	
4	Daoine & a' Bhuidheann: Cunnartan	
4.1	Cion fiosrachaidh, trèanadh is stiùiridh Faicibh 4.3	
4.2	Droch phlanadh no deasachadh airson tachartasan Faicibh 4.3	
4.3	Droch lìbhrigeadh no eagrachadh a thaobh tachartasan Tha e deatamach ma tha tachartasan a' dol a chòrdadh ri daoine agus a bhith sàbhailte gum bi ullachadh ceart ann ro-làimh agus gum faigh luchd-teagaisg, luchd-stiùiridh agus luchd-obrach eile am fiosrachadh uile greis ron àm. Thèid tachartasan trèanadh a chumail air feadh na bliadhna le Fèisean nan Gàidheal is buidhnean eile, agus bu chòir do dhaoine a tha feumach air trèanadh sin innse tràth gu leòr gus an urrainn dhaibh brath a ghabhail air na cothroman trèanadh sin.	
4.4	Aineolach mu riaghailtean agus / no modhan-obrach Thathar a' sgaoileadh poileasaidhean is stiùiridhean Fèisean nan Gàidheal am measg nam Fèisean agus prìomh oifigearan gu cunbhalach, agus mar as trice tha iad rim faotainn air làrach-lìn FnG. Feumaidh Fèisean cumail ris na poileasaidhean ma tha iad a' dol a dh'fhaighinn tabhartas, agus caillidh Fèisean nach cùm ris na poileasaidhean pàirt den tabhartas aca no an tabhartas air fad, agus 's dòcha gun caill iad a' bhallrachd aca ma tha iad air poileasaidhean a bhristeadh gu dona.	
4.5	Giùlan Cunnartach Ged a tha tòrr spòrs is càirdeas an lùib nam Fèisean, chan eil sin a' ciallachadh nach bu chòir do dhaoine a bhith mothachail air sàbhailteachd. Bu chòir do chloinn is inbhich cuimhneachadh air na dh'fhaodadh tachairt ma tha iad gan giùlan fhèin ann an dòigh chunnartach, agus bu chòir measaidhean cunnairt a dhèanamh air tachartasan ro-làimh agus bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh orra gu tric. Bu chòir cumail ri modhan-obrach is siùil smachdachaidh a th' ann mu thràth.	
4.6	Cion ghoireasan agus eòlas ciad-chobhair Bu chòir co-dhiù do dh'aon inbheach le trèanadh ann an ciad-chobhair a bhith aig tachartasan na Fèise, agus bu chòir bogsa ciad-chobhair làn-uidheamaichte a bhith ann an àite follaiseach ma bhios cùis èiginn ann.	

4.7	<p>Feumalachdan meidigeach na cloinne</p> <p>Tha e cudromach gu bheil fios aig luchd-obrach mu fheumalachdan meidigeach a dh'fhaodadh a bhith aig a' chloinn/oileanaich. Dh'fhaodadh cuid a thachartasan / shuidheachaidhean buaidh a thoirt air clann air a bheil an sac, tinneas an t-siùcair no an tinneas tuiteamach, mar eisimpleir. Agus tha e cudromach cuideachd gu bheil fios aig luchd-obrach mar a dhèiligear ris na tinneasan sin, agus gu bheil iad eòlach air na ciad chomharran tràth a dh'innseas dhaibh gu bheil droch thinneas a' tòiseachadh. (Faicibh 2.6)</p>	
4.8	<p>Ceannardan nam buidhnean gun smachd gu leòr air cunnart</p> <p>Faicibh 4.9</p>	
4.9	<p>Mura h-eil clann mothachail gu leòr air sàbhailteachd</p> <p>Faodaidh spòrs a bhith ann agus daoine sàbhailte, agus cha bhi mòran spòrs agaibh mura h-eil sibh a' cur prìomhachas air sàbhailteachd. Dh'fhaodadh smachd air cunnartan is mothachadh air sàbhailteachd stad a chur air droch thubaistean.</p>	
4.10	<p>Cion co-obrachaidh sa bhuidhinn</p> <p>Bu chòir cuimhneachadh gu bheil sàbhailteachd is math na buidhne gu math tric an crochadh air co-obrachadh sa bhuidhinn. Faodaidh giùlan fèineil aon duine a h-uile duine sa bhuidhinn a chur ann an cunnart, agus 's dòcha air sgàth cion co-obrachaidh gun tèid an duine sin a smachdachadh, no gun tèid stad a chur air an tachartas uile gu lèir.</p>	
4.11	<p>Diofar chomasan sa bhuidhinn</p> <p>Gu tric aig na Fèisean, bidh clann ann aig tachartasan le diofar ìrean comais. Le cuspairean ealain, mar eisimpleir, dh'fhaodadh cuid a sgoilearan fàs an-fhoiseil agus iad a' faireachdainn na tìde fada, agus bu chòir don neach-teagaisg cuimhneachadh gum feum iad an clas air fad a chumail toilichte fhad 's a tha iad a' dèiligeadh ri sgoilearan le feumalachdan sònraichte no sgoilearan a tha fìor chomasach. Bu chòir measgachadh de dh'obair a bhith air ullachadh nuair nach urrainnear an clas a roinn, mar eisimpleir, a rèir ìrean tòiseachaidh, eadar-mheadhanach, is adhartach. Ann an gnìomhachd chorporra, dh'fhaodadh cuideigin a bhith air an goirteachadh, no fàs sgìth, msaa. Cha bu chòir do sgoilearan a bhith air an nàrachadh seach nach eil iad cho comasach ri clann eile – 's ann mu dheidhinn misneachadh is cothroman a tha na Fèisean.</p>	
4.12	<p>Chan eil iad fallainn / làidir gu leòr</p> <p>Faicibh gu h-àrd.</p>	
4.13	<p>Ionnsaighean eadar clann</p> <p>Chan eil e coltach gun tachair seo ro thrì, ach bu chòir do luchd-obrach cuimhneachadh gum faodadh burraidheachd no ionnsaighean a bhith ann. 'S dòcha gu bheil rud nan nàdar (staid-inntinn) a tha a' toirt orra a bhith fiadhaich ri daoine eile, agus mar as àbhaist gheibhear taic bho Fhèisean nan Gàidheal leis a' chosgais gus neach-taice fhastadh a chuidicheas clann le feumalachdan sònraichte.</p>	
4.14	<p>Daoine gun chead/gun dearbhadh pearsanta a' dèiligeadh ri clann</p> <p>Tha e soilleir bho Phoileasaidh Dion Chloinne Fèisean nan Gàidheal nach bu chòir do dh'Fhèisean leigeil le daoine gun chead/dearbhadh pearsanta dèiligeadh ri clann. Bu chòir do gach neach-teagaisg/neach-stiùiridh/neach saor-thoileach is ball den chomataidh dol tron t-siostam Disclosure Scotland aig Fèisean nan Gàidheal greis ron tachartas Fèise. Bu chòir don togalach airson an tachartais a bhith tèarainte gu leòr gus nach urrainn do dhaoine gun chead tighinn a-steach agus bu chòir dhuibh duine sam bith a thig a-steach aig àm nuair nach eil tachartasan poblach ann a cheasnachadh. Ma tha adhbhar math aca a bhith san togalach a tha an Fhèis a' cleachdadh, (me, neach-maoineachaidh, tidsear a' tadhal, neach-amhairc, neach-ciùird, msaa) bu chòir neach le dearbhadh pearsanta a bhith còmhla riutha</p>	

	fhad 's a tha iad a' tadhal.	
4.15	Clann a' dol an sàs ann am uidheam chunnartach/gun chead (me, sparran streap, ròpannan, msaa) Cha bu chòir dhuibh clann fhàgail gun neach-stiùiridh ann an seòmar far am faod iad a dhol an sàs ann an uidheam nach eil sàbhailte no nach eil cead aca a chleachdadh (mar uidheam spòrs, ionnstramaidean priseil no troma, no sèithrichean is bùird air an càrnadh). Bu chòir do sheòmraichean leis a leithid a dh'uidheam a bhith glaiste no toirmisgte, agus bu chòir innse do chloinn nach eil còir aca a dhol a-steach do na seòmraichean sin gus am faigh iad cead bhon neach-teagaisg aca no neach-stiùiridh eile. Bu chòir cur nan cuimhne gur ann air sgàth sàbhailteachd na cloinne a tha na riaghailtean sin ann, agus gun tèid duine sam bith a bhristeas iad a smachdachadh.	
5	Fèisean Còmhnaidh	
5.1	Stiùiridhean Teine & Èiginn Nuair a tha clann a' cadal ann an ostail no àite-fuirich eile, bu chòir innse dhaibh mu na stiùiridhean teine is èiginn air a' chiad latha.	
5.2	Àiteachan-fuirich iomchaidh – rùm gu leòr airson gach leabaidh, seòmraichean/dormaichean airson gach gnè. Bu chòir dormaichean a bhith freagarrach gus am bi àite cofhurtail aig gach pàiste airson cadal, le leabaidh, bòrd no pàirt de bhòrd, agus àite airson aodach a chrochadh. Bu chòir do ghillean is nigheanan a bhith ann an àiteachan fa leth agus bu chòir do neach-stiùiridh fireann a bhith aig na gillean feadh na h-oidhche agus neach-stiùiridh boireann aig a' chlann-nighean. Cha bu chòir dad a bhith air an làr a chuireadh bacadh air daoine, gus an urrainn do chloinn falbh gu sgiobalta bhon dorm aca chun nan dorsan teine ma bhios cùis èiginn ann tron oidhche. Air an adhbhar seo, mas urrainnear, cha bu chòir do bhobhstairean a bhith air an làr.	
5.3	Taighean-beaga is goireasan nighe Goireasan nighe is taighean-beaga iomchaidh airson gillean is nigheanan.	
5.4	Stiùireadh – feadh na h-oidhche (gnè, àireamh) Bu chòir do luchd-stiùiridh gu leòr a bhith ann air an oidhche airson gach gnè, agus tha e cudromach gu bheil iad tuigseach air mar a dh'fheumas iad coimhead às dèidh math is sàbhailteachd na cloinne. 'S dòcha gu bheil cuid a chloinn air falbh bhon taigh airson a' chiad uair agus 's dòcha gum bi iad feumach air taic is comhairle, no 's dòcha gu bheil duilgheadas aca (rud sam bith bho thrioblaid bheag gu cùisean cudromach leithid droch dhìol). Bu chòir fios a bhith aig luchd-stiùiridh (agus luchd-obrach eile) mu Phoileasaidh Dìon Chloinne Fèisean nan Gàidheal agus "a' Chairt Bhuidhe" agus na dh'fheumas luchd-obrach nam Fèisean a dhèanamh ma thèid innse dhaibh mu dhroch dhìol – me, cho cudromach agus a tha e nach rannsaich iad fhèin a' chùis agus mar nach bu chòir dhaibh gealltainn gun cùm iad a' chùis diomhair ma dh'fheumas iad innse do chuideigin eile mun chùis.	
5.5	Biadh iomchaidh (dinnear/suipear/braicist) Bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' faighinn biadh gu leòr, a tha a' còrdadh riutha, agus le measgachadh ceart. Bu chòir cuimhneachadh air aileirgidhean, rudan nach toil le daoine, agus adhbharan creideimh is feallsanachd a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air dè dh'itheas daoine. Ma tha sibh a' toirt seachad dinnear tràth, bu chòir mar as trice gun tèid grèim bìdh beag a thoirt seachad nas fhaide air an fheasgar. Cha bu chòir gum bi an t-acras air clann a' dol don leabaidh.	
5.6	Feumalachdan Sònraichte Bu chòir dhuibh, ann am foirmichean-ceadachaidh phàrantan, iarraidh air daoine innse mu fheumalachdan sònraichte no tinneasan sam bith. Tha poileasaidhean Fèisean nan Gàidheal	

	a' cur air adhart so-ruigsinneachd is in-ghabhail, agus bu chòir dhuibh gach oidhirp a dhèanamh gus frithealadh air gach neach a tha a' gabhail pàirt. Nuair a dh'fheumas sibh neach-stiùiridh/-teagaisg/-cuideachaidh sònraichte fhadthad, tha taic-airgid is comhairle rim faotainn bho Fhèisean nan Gàidheal.	
6	Stiùireadh Coitcheann	
6.1	<p>Àm-cead & Amannan nuair nach eil clasaichean ann</p> <p>Bu chòir dhuibh smaoineachadh air dè thachras nuair a tha àm-cead ann no nuair nach eil clasaichean ann. Ma tha e ceadaichte do chloinn a bhith a' cluich a-muigh, bu chòir gum bi luchd-stiùiridh gu leòr air an raon-chluiche, agus cha bu chòir leigeil le clann nas òige "làrach" na Fèise fhàgail. Feumaidh clann nas sine cead fhaighinn.</p> <p>Ma leigeas sibh le clann a bhith a-staigh aig àm-cead, bu chòir dhuibh innse dhaibh nach fhaod iad a dhol a-steach gu seòmraichean far a bheil uidheam nach fhaod iad a chleachdadh, no, mar eisimpleir, ma tha cead aca talla no gym a chleachdadh airson geamannan a-staigh, feumaidh luchd-stiùiridh a bhith ann còmhla riutha. 'S dòcha gum faod neach-stiùiridh geam a chur air dòigh aig àm-cead airson an cumail toilichte.</p>	
6.2	<p>Mì-mhodh</p> <p>Seach mar a tha suidheachadh càirdeil aig na Fèisean, dh'fhaodadh cuid a chloinn smaoineachadh gum faod iad a bhith mì-mhodhail. Bu chòir a dhèanamh soilleir nach tèid gabhail ri mì-mhodh, agus gu bheil cunnart ann gun tèid pàiste a chasg bho Fhèis ma tha iad ri fìor dhroch ghiùlan no ma chumas iad orra a bhith mì-mhodhail. Faodaidh luchd-teagaisg is luchd-obrach a bhith nan deagh eisimpleir leis mar a tha iad gan giùlan fhèin.</p>	
6.3	<p>Tubaistean</p> <p>Bu chòir do neach-obrach le trèanadh ann an ciad-chobhair a bhith ri faotainn nuair a tha àm-cead, àm-lòin, msaa, ann agus bu chòir liosta de dh'aireamhan feumail a bhith ann. (Faicibh 2.6)</p>	
6.4	<p>Burraidheachd</p> <p>Cha bu chòir gabhail ri burraidheachd de sheòrsa sam bith (corporra, càineadh, goirteachadh faireachdainnean dhaoine) aig na Fèisean, agus bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach nach tachair e.</p>	
6.5	<p>Uidheam & Seòmraichean Teagaisg</p> <p>Cha bu chòir leigeil le clann uidheam no seòmraichean teagaisg a chleachdadh gun stiùireadh. Aig amannan-cead, me, nuair a tha an t-uisge ann, nuair nach urrainn do chloinn cluich a-muigh, bu chòir seòmraichean a chomharrachadh mar àiteachan far am faod clann cluiche le stiùireadh iomchaidh.</p>	
7	Tachartasan air an Oidhche, Cuirmean-ciùil & Cèilidhean	
7.1	<p>Fiosrachadh do Phàrantan/Clann</p> <p>Tha e uabhasach cudromach gu bheil fios aig pàrantan cuin a tha tachartasan a bharrachd a' tòiseachadh, a' crìochnachadh msaa, gus an urrainn dhaibh an cuid chloinne a chur ann agus a thogail nuair a tha na tachartasan sin gan cumail air an oidhche. Bu chòir gum tèid fiosrachadh a sgaoileadh mu uidheam no aodach eile a dh'fhaodadh a bhith a dhìth (me, èideadh cleasachd, brògan spòrs).</p>	
7.2	<p>A' fàgail/a' togail clann</p> <p>Faicibh gu h-àrd. Bu chòir do neach-obrach a bhith ann gus clann a tha gu bhith a' gabhail pàirt/cluich/seinn msaa a chlàradh nuair a dh'fhàgas am pàrantan iad, agus gus an stiùireadh don àite fhreagarrach airson èideadh a chur orra, feitheamh, ullachadh, msaa. Bu chòir do neach-obrach a bhith ann cuideachd gus sùil a chumail air a' bhuidhinn fad an t-siubhail agus gus sùil a chumail air cò tha an làthair.</p>	

7.3	Taic is stiùireadh air Cùl na Stèidse Bu chòir cùl na stèidse a bhith air a stiùireadh gu sàbhailte agus le èifeachd, gus am bi e fo rian agus gus nach bi a' chlann a' feitheamh ro fhada ri fios a dhol air an àrd-ùrlar agus gus nach bi iad a' feitheamh ann an àite far a bheil cunnart ann bho chàbaill, uidheam stèidse, msaa.	
7.4	Seòmraichean-èididh Bu chòir seòmraichean fa leth a bhith ann airson gillean is nigheanan.	
7.5	Càbaill agus cnapan-starra eile air agus air cùl na stèidse Faodaidh càbaill, uidheam stèidse, msaa a bhith cunnartach do dh'ìnbhich agus clann mura h-eil iad sgiobalta, agus air an teipeadh mar as iomchaidh. Thathar an dùil gum bi luchd-obrach cùl na stèidse nas cùramaiche nuair a tha clann ann. Chan urrainnear daonnan an làr a chumail gu tur sgiobalta, no solais gu leòr a chur air, ach bu chòir dhuibh an cunnart a chumail cho beag 's as urrainnear.	
7.6	Uidheam & ionnstramaidean troma Cha bu chòir dhuibh sùileachadh gun tèid aig clann òga uidheam is ionnstramaidean troma a ghiùlan, agus bu chòir dhuibh clann a chuideachadh a tha 's dòcha a' cluich ionnstramaidean mòra mar a' chlàrsach no am bogsa.	
8	Tachartasan air an cumail le cunnraidhean, me, a' falbh ann an curachan, cuairtean le stiùireadh (<i>orienteeing</i>), msaa	
8.1	Tachartasan air an cumail le cunnraidhean, me, a' falbh ann an curachan, cuairtean le stiùireadh (<i>orienteeing</i>), msaa Bu chòir do chunnraidhean measadh cunnairt a dhèanamh air na tachartasan a tha iad a' cumail do dh'Fhèisean nan Gàidheal. 'S e cleachdadh math a bhiodh ann coimhead air na measaidhean cunnairt aca gus dèanamh cinnteach gun coilean iad inbhean Fèisean nan Gàidheal. Ma tha sibh a' smaoinichadh gu bheil uireasbhaidhean ann am measadh cunnairt, bu chòir dhuibh sin innse don chunnradair, agus bu chòir dhuibh iarraidh orrasan modhan-smachdachaidh eile a mholadh, oir thathar an dùil gu bheil mion-eòlas aca air a' ghnòthach. Cha bu chòir don tachartas dol air adhart gus a bheil an Fhèis agus an cunnradair toilichte gu bheil smachd gu leòr ann air na cunnartan, oir feumar cuimhneachadh gum bi daonnan cunnart air choreigin ann.	
8.2	Teisteanasan a' chunnradair/measaidhean cunnairt/àrachas dearbhte Faicibh gu h-àrd. Iarraibh fiosrachadh air a' chunnradair mu na teisteanasan aca, measaidhean cunnairt, agus an t-àrachas a th' aca. Bidh cunnradair earbsach ro thoilichte sin a dhèanamh. Mura h-eil iad deònach seo a dhèanamh, no ma tha iad slaodach dèiligeadh ri iartas reusanta, bu chòir dhuibh smaoinichadh air stad a chur air a' chùmhnannt.	
8.3	Teisteanasan a' chunnradair/measaidhean cunnairt/àrachas dearbhte?	
9		
9.1	Cha deach a chleachdadh.	
10	Cunnartan eile gu sònraichte co-cheangailte ris an tachartas Mar a tha e ag ràdh gu h-àrd, bidh daonnan beagan cunnairt an lùib ghnìomhan, ach tha e ceart gu leòr fhad 's a tha an cunnart fo smachd is rian. Dh'fhaodadh cunnart a bhith air a chomharrachadh a dh'fhaodadh call mòr no bàs adhbharachadh, ach chan eil e coltach gun tachair e. Le cuideachadh bho luchd-obrach eile a tha eòlach air an tachartas seo, sgrìobhaibh sìos cunnartan sam bith eile co-cheangailte ris an tachartas agaibh, nach deach a chomharrachadh roimhe.	
10.1		
10.2		
10.3		

10.4		
10.5		
10.6		
11	Cunnartan A-staigh	
11.1	Solas neo-iomchaidh Mura h-eil solas gu leòr ann faodaidh cunnart a bhith ann nach urrainn do dhaoine nithean fhaicinn ceart (dh'fhaodadh iad tuiteam, mas eisimpleir), no faodaidh iad an sùilean a strèanadh ann an cuid a shuidheachaidhean (a' feuchainn ri leughadh). Faodaidh cus solais a bhith a cheart cho cunnartach, mar eisimpleir, ma tha cus solas a' deàrrsadh air sgrion a' choimpiutair.	
11.2	Teòthachd Bu chòir an teòthachd a bhith iomchaidh airson an seòrsa tachartais a tha ga chumail, no iomchaidh airson an àite far a bheil e. Airson nithean a-staigh mar obair oifise no leughadh, bidh teòthachd mu 20°C cofhurtail, ach airson geamannan is spòrs 's dòcha gum bi teòthachd nas fionnaire nas fheàrr. 'S dòcha gum bi aig luchd-obrach cidsin ri obair ann an stòr no Seòmar Fionnarachaidh, a dh'fhaodadh a bhith aig teòthachd nas ìsle na 5°C.	
11.3	Gun rùm gu leòr no rùm nach eil iomchaidh Faodaidh daoine a bhith mì-chofhurtail no faodaidh cunnart a bhith ann gun tuislich iad ma tha tachartas ga chumail ann an àite gun rùm gu leòr. Tha seòmraichean a tha ro bheag mì-chofhurtail, agus faodaidh iad fàs ro theth no faodaidh an èadhar a bhith trom ma a tha cus dhaoine nam broinn. Cuideachd, bu chòir don àite a bhith freagarrach don tachartas – bu chòir dhuibh faighneachd a bheil àite sàmhach a dhìth, no an gabh an uidheam a ghluasad a-mach às an rathad, me, seòmraichean le acfhainn stèidhichte (mar seòmraichean airson eaconamas dachaigh ann an sgoiltean), no am feum sibh ionnstramaidean ciùil troma a thogail suas grunn staidhrichean.	
11.4	Mì-sgiobalta – cunnart teine/tuisleachadh Cha bu chòir do dh'aodach, bagaichean, cèisean ionnstramaid, msaa, a bhith air am fàgail ann an àite far am faodadh cuideigin tuiteam orra ann an seòmar no tranntsa; bu chòir dhaibh a bhith air an cur air falbh gu sgiobalta. Faodaidh pàipear, clòimh no stuthan sgaoilte teine adhbharachadh ma tha iad air am fàgail faisg air teine/inneal teas agus bu chòir an sguabadh/sgioblachadh gu tric. Cha bu chòir dhuibh dad fhàgail air no faisg air staidhre air am faodadh cuideigin tuiteam, no a chuireadh stad air daoine falbh a-mach às an àite ma bha cùis èiginn ann.	
11.5	Staidhrichean – dorcha / cas / gun rèile-làimhe Bu chòir solas gu leòr a bhith air staidhrichean, agus bu chòir dhaibh a bhith sàbhailte airson a h-uile duine. Bu chòir rèile-làimhe a bhith ann, agus cha bu chòir do staidhrichean a bhith ro chas.	
11.6	Cion slighean teine / innealan-smàlaidh / stiùiridhean teine Feumaidh slighean teine a bhith air an comharrachadh ann an toglaichean a chleachdas na Fèisean, agus bu chòir sùil a thoirt orra gu tric feuch a bheil iad furasta am fosgladh, gun bhacadh (a-muigh no a-staigh), follaiseach agus a bheil e furasta teicheadh bhon togalach. Cha bu chòir gum bi slighean cumhang a tha gur toirt air falbh bhon togalach a bhith air am bacadh le bionaichean, sgudal, carbadan, msaa. Bu chòir innealan-smàlaidh iomchaidh gu leòr a bhith rim faotainn a-staigh, agus bu chòir innealan-smàlaidh ùra a bhith ann ma tha tachartas no gnìomh ùr feumach orra. 'S dòcha gum bi innealan-smàlaidh coip no CO ₂ a dhìth ma thathar a' cleachdadh cuid a stuthan/uidheaman. Faodaidh e a bhith cunnartach ma chleachdas sibh an t-inneal-smàlaidh ceàrr air teine. Cha bu chòir innealan-smàlaidh a chleachdadh ach nuair a tha an teine dìreach air tòiseachadh. Ma tha teagamh agaibh – thalla a-mach, cuiribh fios chun an luchd-smàlaidh, agus fuirichibh a-muigh!	

	<p>Ma lorgas sibh teine, bu chòir dhuibh clag-an-teine a sheinn, agus bu chòir don a h-uile duine an togalach fhàgail. Bu chòir sanasan le Stiùiridhean Teine a bhith sa h-uile seòmar, agus bu chòir fios a bhith aig luchd-obrach air an drile teine, na slighean a-mach as fhaisge, slighean a-mach eile, msaa. Bu chòir do luchd-teagaisg clàr a' chlas aca a thoirt leotha gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine còmhla riutha.</p>	
11.7	<p>Cunnart ann Sleamhnachadh / tuisleachadh / tuiteam</p> <p>Tha e furasta sleamhnachadh, tuisleachadh is tuiteam, agus faodaidh sibh a bhith air ur goirteachadh gu dona, no fiù 's air ur marbhadh. Ceangal càbaill ris an làr le teip, no cuiribh fo àirneis iad ma dh'fheumas càbaill sgaoilte a bhith ann. Cuiribh an cuimhne clann is inbhich cho cudromach 's a tha e a bhith sgiobalta agus na leig le daoine nithean mar chèisean fìdhle fhàgail air an làr aig na casan aca far am faodadh iad fhèin no cuideigin eile tuiteam orra. Cuiribh cèisean, bagaichean, seacaidean, msaa, chun an dàrna taobh a-mach às an rathad. Ma thathar a' cleachdadh stuthan fliuch (stuthan ealain, uisge, ola), glanaibh dad sam bith a thèid a dhòrtadh air an làr sa bhad air eagal 's gun sleamhnaich cuideigin air – dh'fhaodadh cuideigin a bhith air an leòn gu dona ma bhristeas iad caol an dùirn no an cruachan. Bu chòir fiosan rabhaidh a chur an-àirde ma tha an làr sleamhainn.</p>	
11.8	<p>Cion Fionnarachaidh</p> <p>Chan eil e fallain no tlachdmhor a bhith a' gabhail a-staigh èadhar neo-fhionnar, agus bidh oileanaich a' faireachdainn sgìth is trom mura h-eilear a' leigeil an àile chun an t-seòmair.</p>	
11.9	<p>A' gabhail dust air an anail</p> <p>Chan eil e fallain a bhith a' gabhail dust air an anail, agus dh'fhaodadh e grèim sac no aileirgidh adhbharachadh. Dèanaibh cinnteach gu bheil àirneis, làir is eile air an sguabhadh/dustadh gu tric, agus gu bheil a' mùchadh no a' sguabadh air falbh dust a tha ga dhèanamh ann an clas ealain, mar eisimpleir.</p>	
11.10	<p>Làr/raon neo-iomchaidh airson tachartasan – sleamhnachadh / tuisleachadh / buille</p> <p>Teàrr no làir neo-chòmhnard: faodaidh iad a bhith cunnartach no faodaidh cuideigin sleamhnachadh, tuisleachadh no tuiteam agus iad fhèin a ghoirteachadh. Cuideachd, faodaidh an stuth às a bheil an raon air a dhèanamh a bhith neo-iomchaidh – tha sibh nas buailtiche sibh fhèin a ghoirteachadh ma thuiteas sibh air teàrr seach feur, mar eisimpleir.</p>	
11.11	<p>Cunnart bho dhealan</p> <p>Bu chòir deuchainnean a dhèanamh air uidheaman dealain gu cunbhalach, le bhith a' toirt sùil air càbaill, plugaichean, cèisean, msaa feuch am faic sibh milleadh sam bith. Bu chòir uèirichean rùisgte, mullaich phlugaichean a tha cugallach, agus cèisean sgàinte a chàradh mus cleachd sibh iad. Mura h-urrainn dhuibh an càradh, bu chòir an uidheam a chaitheamh a-mach a rèir nan riaghailtean ionadail airson uidheaman dealain – tha cuid a chomhairlean ann far nach eil e ceadachtaidh uidheam dealain a chaitheamh a-mach an cois sgudal àbhaisteach, agus tha ionadan cruinneachaidh aca air an son agus airson sgudal eile. Le uidheam dealain nach eil ag obair ceart, faodaidh e teine adhbharachadh no cuideigin a ghoirteachadh. Bu chòir dhuibh a bhith faiceallach ma tha sibh a' cleachdadh uidheam dealain agus uisge, no lionn eile, oir bidh uisge a' giùlan dealain. Cha bu chòir do ur làmhan a bhith fliuch nuair a tha sibh a' buntainn ri uidheam dealain, solais no suidsichean.</p> <p>Cha bu chòir gun tèid uidheam dealain a nì teas fhàgail air gun sùil a bhith air a chumail air faisg air stuthan lasanta mar phàipear, aodach, msaa, oir dh'fhaodadh e teine adhbharachadh.</p>	
11.12	<p>A' cleachdadh innealan is stuthan ciùird/ealain (siosar, sgian, glaodh, msaa)</p> <p>Bu chòir dhuibh a bhith faiceallach nuair a tha sibh a' cleachdadh innealan geura mar sgian,</p>	

	<p>Iannsa agus siosar, agus feumaidh luchd-stiùiridh a bhith ann ma tha clann gan cleachdadh. 'S dòcha nach bi e freagarrach do chloinn òga an cleachdadh, 's math dh'fhaidte gum b' fheàrr leotha siosar sàbhailte a chleachdadh. 'S e cleachdadh math a th' ann innealan mar sgeinean ciùird, msaa, a chunntadh nuair a tha sibh gan toirt seachad agus gan gabhail air ais. Cha bu chòir dhuibh leigeil le daoine an toirt air falbh bhon àite far a bheil an obair chiùird a' dol air adhart.</p> <p>Bu chòir dhuibh glaoth is lionn-sgaoilidh a chleachdadh le faiceall agus ann an àite àileach, agus bu chòir do bhòtail/crogain a bhith air an tional aig deireadh an t-seisein.</p>	
12	Cunnartan an lùib Spòrs is Dannsa	
12.1	<p>Raon Spòrs/Làr Dannsa neo-chòmhnard Faodaidh daoine tuiteam mura h-eil an grunn/làr còmhnard, agus ma thathar a' cluich geam far am bi daoine a' gluasad gu luath, faodaidh daoine a bhith air an droch ghoirteachadh.</p>	
12.2	<p>Raon Spòrs/Dannsa a tha ro chruaidh no bog Ma tha an làr dannsa ro chruaidh, adhbharaichidh e druim goirt no cràdh ann an altan dhaoine, agus tha e doirbh dannsa air làr a tha ro bhog (mar bhrat-ùrlair) agus dh'fhoadadh daoine na fèithean aca a ghoirteachadh. 'S e as fheàrr làr fiodh <i>sprung</i> ma tha sibh gu bhith a' dannsa no ri cur-seachad eile coltach ris.</p>	
12.3	<p>Nithean cruaidh no geura air a' phàirce/raon-cluiche Faodaidh daoine a bhith air an goirteachadh ma thuiteas iad air rudeigin cruaidh no geur (mar chloich), agus bu chòir dhuibh sùil a chumail gu cunbhalach air raointean-spòrs agus a leithid a ghlanadh dhiubh ma tha e ann.</p>	
12.4	<p>A' Slaighdeadh air feur-fuadain no teàrr Dh'fhoadadh barrachd dhaoine losgadh suathaidh fhulang le feur-fuadain, agus dh'fhoadadh gum bi am feur cruaidh seo mì-chofhurtail do chuid a chluicheadairean, ged nach eil stuthan ùra cho dona. Dh'fhoadadh daoine an sgròbadh fhèin no cnàimhean a bhristeadh, msaa, le teàrr, agus cha bhi e uabhasach freagarrach airson tòrr chur-seachadan is seòrsaichean spòrs.</p>	
12.5	<p>A' bualadh na chèile / a' Strì ri nithean no daoine eile 'S ann eu-coltach a tha e gun tèid agaibh air cur às uile gu lèir do mar a bhios daoine a' bualadh nan chèile agus a' strì, agus tha sin na phàirt cudromach de chuid a gheamannan. Ach, 's dòcha gum bu chòir do dhaoine a bhith air an dìon (clogaidean, acfhainn lurgainn, msaa) ann an geamannan nas fiadhaiche. Bu chòir daoine a pheanasachadh airson cluiche neo-chothromach no ma nì iad fealladh. 'S dòcha gum bi e glic stuth dìonach a chur air cuid a structairean faisg air a' phàirce (na puist ann an rugbaidh), no faodar puist chomharrachaidh shùbailte a chleachdadh, no faodar nithean a shuidheachadh pìos air ais bhon phàirce (suidheachain, bùird shanasachd, msaa).</p>	
12.6	<p>Buille bho uidheam spòrs Ged a tha e goirt ma bhuaileas ball nur n-aodann no àite sam bith eile air ur bodhaig, chan urrainnear dèanamh cinnteach nach tachair e idir. Bu chòir do luchd-teagaisg is rèitirean cuimhneachadh air aois nan cluicheadairean, agus 's dòcha gum biodh e glic acfhainn dìon a chleachdadh airson cuid a gheamannan.</p>	
12.7	<p>Air an leòn le buille ann an spòrs (bho chuideigin eile, ball, slacan no caman) Faicibh 12.6. 'S dòcha gum bi iad feumach air cobhair ann an èiginn, agus bu chòir eòlas bunaiteach a bhith aig an neach-teagaisg air ciad-chobhair agus bu chòir gun urrainn dhaibh fios a chur chun an neach ciad-chobhair ainmichte gu furasta gun a bhith a' fàgail a' chlas</p>	

	gun neach-stiùiridh.	
12.8	Leòn pearsanta – bristeadh / sgochadh / gearradh Faicibh 12.7.	
12.9	Clann nach eil uabhasach fallain / làidir Bu chòir do luchd-teagaisg a bhith eòlach air na duilgheadasan a dh'fhaodadh èirigh mura h-eil clann tapaidh no làidir gu leòr, agus bu chòir dhaibh a bhith mothachail air na diofar chomasan a bhios aig daoine. Cha bu chòir do luchd-teagaisg iarraidh air clann nithean a dhèanamh air nach eil iad comasach.	
12.10	Cion uisge nam bodhaig Faodaidh dìth uisge ann am bodhaig neach ceann goirt a thoirt dhaibh no am fàgail troimhe-chèile, no ann an suidheachaidhean èiginneach faodaidh iad bàsachadh. Bu chòir uisge is deochan eile a bhith ann do chloinn is inbhich, agus 's dòcha gum feumar clann a phiobrachadh gus uisge no deoch a ghabhail, às dèidh dhaibh a bhith ag eacarsaich san teas, no ma tha iad air a bhith tinn no a' fulang leis an spùt.	
12.11	Seisein tòiseachaidh/crìochnachaidh Tha sibh nas buailtiche fèithean fuara a ghoirteachadh mura h-eil seiseanan tòiseachaidh is crìochnachaidh agaibh agus bu chòir ullachadh a dhèanamh ro spòrs, dannsa no eacarsaich sam bith. Agus cuidichidh seisean crìochnachaidh às dèidh làimh le bhith a' sgoileadh stuthan mar shearbhadh bhainneach (no <i>lactic acid</i>), cha bhi uiread de chunnairt ann gum fanntaig daoine no gun tig tuaineal nan ceann, agus bheir e cothrom dhan bhuille-cridhe tilleadh don àbhaist.	
12.12	Losgadh grèine/fiabhras bho theas (uachdar-grèine, adan, aodach, san dubhar, nuair a chumar cur-seachadan a-muigh) Faicibh 3.5	
13	Cunnart an lùib Seinn (cha bhi mòran ann do chloinn ann an bùth-obrach goirid, ach dh'fhaodadh gu leòr a bhith ann do luchd-teagaisg)	
13.1	Strèanadh guth Direach mar eacarsaich corporra, bu chòir don ghuth a bhith air a bhlàthachadh mus seinn/bruidhinn sibh gus nach bì uiread de chunnairt ann gun strèan sibh e. Faodaidh casadaich, a' clioradh ur n-amhaich is èigheachd ur n-amhaich a dhèanamh nas miosa cuideachd ma tha dad ceàrr oirre. 'S dòcha gun dèanadh glainne uisge barrachd feum na casadaich ma tha sibh ag iarraidh ur n-amhaich a chlioradh.	
13.2	Àrainneachd thais/thioram/dhustach Faodaidh àrainneachd thioram no le dust innte, no stuth eile san èadhar, amhaich ghoirt a dhèanamh nas miosa. Bu chòir clasaichean seinn a bhith suidhichte air falbh bho àiteachan far a bheil deatach ceimigeach, glaodh làidir, stuthan ealain, msaa ann.	
13.3	Aodach a tha ro theann Tha e cudromach gun urrainn dhuibh anail a tharraing ceart nuair a tha sibh a' seinn, agus dh'fhaodadh gun cuireadh aodach a tha ro theann stad air seo. Bu chòir dhuibh clann a chomhairleachadh a bhith a' cur aodach cofhurtail orra nuair a tha iad a' seinn, agus bu chòir cuimhneachadh air seo nuair a thig e gu aodach cleasachd.	
13.4		
13.5		

14	Conaltradh	
14.1	<p>Cion tuigse air cànan a’ chonaltraidh</p> <p>Bithear a’ cumail cuid a dh’Fhèisean ann an Gàidhlig a-mhàin. Bu chòir coimhead air comas na cloinne an cànan a thuigsinn nuair a thathar am beachd an clàradh airson na Fèise. ‘S dòcha nach tuig a’ chlann fiosrachadh mu shàbhailteachd ann an Gàidhlig, agus tha e cudromach gu bheil daoine a’ faireachdainn gu bheil iad nam pàirt den a h-uile rud agus gun urrainn dhaibh dol an sàs anns na tachartasan.</p> <p>‘S dòcha gum feum sibh clann a dhiùltadh mura h-eil iad fileanta gu leòr ann an cànan a’ chonaltraidh gus am fàs iad nas fhileanta.</p>	
14.2	<p>Feumalachdan Sònraichte (BSL, Makaton, msaa)</p> <p>Bidh duilgheadasan conaltraidh aig cuid a chloinn aig na Fèisean, agus bidh feum air nithean mar uidheam gus fuaim a mheudachadh, <i>induction loops</i>, BSL, Braille no Makaton. Nì an Fhèis gach oidhirp frithealadh air a leithid a dh’fheumalachdan aig na tachartasan aca, mar a cheadaicheas na th’ ann de dh’airgead. ‘S dòcha gum bi feum aig luchd-teagaisg gun sgilean BSL, Makaton msaa, air cuideachadh bho eadar-theangair.</p> <p>Nithear nas urrainnear gus frithealadh air ciorraman corporra, agus an lùib sin ‘s dòcha gun cleachdar seòmar-teagaisg eile, gun tèid suidheachadh an t-seòmair atharrachadh, msaa.</p> <p>A thaobh sàbhailteachd is a bhith a’ fàgail an togalach ann an èiginn, bu chòir fios a bhith aig an luchd-obrach/luchd saor-thoileach uile air ciorraman corporra no mothachaidh na cloinne ris a bheil iad an urra, agus stiùiridhean sònraichte sam bith a dh’fheumas an cur an gnìomh gus am falbh a’ chlann a-mach às an togalach.</p>	
15	Cunnart bho bhith a’ Cleachdadh Ionnstramaidean	
15.1	<p>Teud a’ bristeadh air Giotàr/fidheall/ clàrsach (gearradh, call sùla)</p> <p>Faodaidh teudan air an teannachadh bristeadh, gu sònraichte nuair a thathar gan cur air ghleus, agus faodaidh daoine a bhith air an gearradh gu dona, no faodaidh iad an sùilean a ghoirteachadh. Bu chòir faighneachd, am bu chòir leigeil le clann na h-ionnstramaidean aca a chur air ghleus, no am bu chòir do neach-teagaisg a dhèanamh dhaibh. ‘S dòcha gur e deagh chleachdadh a bhiodh ann, ionnsachadh do chloinn a bhith a’ cur nan teudan aca air ghleus leis an aodann aca a’ coimhead air falbh bho na teudan.</p>	
15.2	<p>A’ cleachdadh ionnstramaidean ann an dòigh neo-iomchaidh (me, bogha na fìdhle mar chhlaidheamh)</p> <p>Bu chòir do dh’ionnstramaidean a bhith air an cleachdadh ann an dòigh iomchaidh, agus cha bu chòir cothrom a bhith aig clann orra nuair nach eilear gan teagasg. Sa chlas, bu chòir do luchd-teagaisg smachd a chumail air gnothaichean, agus bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil clann a’ cleachdadh nan ionnstramaidean aca gu dòigheil agus gu sàbhailte. Bu chòir do chloinn, a dh’fhaodas ionnstramaidean a thoirt dhachaigh airson cluich, tuigsinn gu bheil e an urra riutha coimhead às dèidh na h-ionnstramaid aca agus a cleachdadh gu ceart.</p>	
15.3	<p>Ionnstramaidean troma (me, bogsa, meur-chlàr)</p> <p>Faodaidh daoine a bhith air an goirteachadh mura tog iad ionnstramaidean troma gu ceart. Bu chòir dhuibh an togail agus sibh a’ cleachdadh dòighean togail ceart. Le bogsaichean-ciùil is clàrsaichean ann an cèisean, tha iad trom agus tha iad a’ tarraing ur bodhaig gu aon taobh nuair a tha sibh gan togail. Bu chòir dhuibh a bhith faiceallach mus strèan sibh fèith. Bu chòir do dh’ìnbheach ionnstramaidean troma a ghiùlan airson clann òga.</p>	
15.4	<p>Diofar dhaoine a’ cleachdadh na h-aon ionnstramaid sèididh mar fheadain, fideagan, òrgain-beòil, msaa (cunnart gun glac iad tinneas, fuachd, breac a’ chnatain, msaa)</p> <p>Cha bu chòir do dhiofar dhaoine an aon ionnstramaid sèididh a chleachdadh mura feum iad, agus thathar a’ sùileachadh gum bi ionnstramaid aig a’ phàiste fhèin no gum faigh iad iasad</p>	

	air tè dhaibh fhèin a-mhàin airson a' chlas (me, fideagan). 'S dòcha gum biodh bileagan le ainmean dhaoine feumail, ma tha ionnstramaidean coltach ri chèile. Nuair a dh'fheumas clann na h-aon ionnstramaidean a chleachdadh air adhbharan eaconamach no eile, bu chòir gum bi e comasach dhuibh am bogadh ann an lionn glanaidh (me, Milton) agus an tiormachadh eadar na clasaichean.	
15.5	A' call no a' milleadh ionnstramaid 'S e call ionmhasail nach beag a bhios ann do neach fa leth no buidheann ma thèid ionnstramaid a ghoid, a mhilleadh no a chall. Bu chòir do dhaoine gach oidhirp a dhèanamh gus stad a chur air goid, milleadh no call – gabhaidh comharran UV an cleachdadh airson ionnstramaidean, mar eisimpleir, agus bu chòir do sheòmraichean anns a bheil ionnstramaidean a bhith glaiste nuair nach eil clasaichean ann. Ma thèid ionnstramaid a chall, 's dòcha gum faighear airgead air ais fo àrachas ionnstramaidean Fèisean nan Gàidheal.	
15.6	A' cleachdadh seasdan-ciùil trom/a ghabhas am pasgadh (cunnart ann gun tèid neach a ghearradh, msaa) Tha cunnart ann gun geàrr seasdan-ciùil a ghabhas a phasgadh ur corrigan no gun glac sibh ur corrigan ann, mura cuir sibh ri chèile ceart e no mura paisg sibh ceart e, agus tha e furasta an lùbadh mura leanar an stiùireadh, agus cha bhi e gu feum an uair sin. Faodaidh seasdan-ciùil trom a bhith cunnartach, dh'fhaodadh e tuiteam air pàiste beag. Bu chòir do dhaoine a bhith faiceallach leotha; bu chòir dhaibh a bhith air an gluasad a-mach às an rathad mura h-eilear gan cleachdadh.	
15.7	Cus Cluiche – pian, builgeanan Ma tha cus cluiche ann, faodaidh daoine a bhith air an strèanadh, air am meileachadh, rag, no ann am pian. Tha e cudromach gun dèan iad beagan ullachaidh ro làimh gus na fèithean aca a bhlàthachadh, agus gun gabh iad fois gu leòr mus goirtich iad iad fhèin tro bhith a' cluich gun sgur. Faodaidh ionnstramaidean le teudan builgeanan goirt adhbharachadh air corrigan, agus 's dòcha gum bu chòir dhuibh smaoinichadh air ionnstramaidean a chleachdadh le teudan nylon nuair a tha e iomchaidh airson comasan is aois na cloinne. Tha cuid a luchd-teagaisg air <i>surgical spirit</i> a mholadh airson gum fàs corrigan cruaidh, no <i>superglue</i> , agus gu leòr de dhòighean leighis eagallach eile. Fàsaidh bàrr nan corrigan cruaidh le bhith a' cluich aig a' cheann thall.	
16 Cunnart bho obair chiùird & ealain		
16.1	A' cleachdadh sgeinean geura (cunntais na sgeinean nuair a tha sibh gan toirt seachad is gan gabhail air ais) Faicibh 11.12	
16.2	A' cleachdadh glaodh is lionn-sgaoilidh (dèanaibh cinnteach nach eil gin a dhìth aig deireadh an t-seisein) Faicibh 11.12	
16.3	Aileirgidhean (clòimh, itean, peant aodainn, msaa) Faodaidh cuid a bhathar agus stuthan nàdarra broth, tachas no pian sùla, duilgheadasan a' gabhail anail, agus am fiabhras-feòir adhbharachadh. 'S dòcha gun can e gu bheil aileirgidh do rudeigin aig pàiste san Fhoirm-ceadachaidh Phàrantan aca, ach dh'fhaodadh e a bhith nach robh fhios aca mu aileirgidh, agus bu chòir don neach-teagaisg sùil a chumail air clann air eagal 's gum bi aileirgidh aca do stuthan chiùird is ealain agus bu chòir dhaibh dèiligeadh ris. Uaireannan, faodaidh miotagan a bhith nan cuideachadh, ach cuimhnichibh gu bheil cuid a dhaoine aileirgic do latex. Bu chòir seòmraichean a bhith air am fionnarachadh gu ceart ma thathar a' cleachdadh	

	stuthan a dh'fhàgas dust, deatach no fàileadh.	
Cunnarta n Eile	Measaidhean Cunnairt mar as iomchaidh.	

NÒTA:

Nuair a thathar air cunnart a chomharrachadh fo gin de na cinn seo, bu chòir dhuibh am fiosrachadh a chur ann am foirm measadh cunnairt, agus bu chòir dhuibh na stiùiridhean a th' ann mu thràth a chlàradh, agus ceumannan smachdachaidh ùra sam bith a tha dhìth. Bu chòir dhuibh ìre a' chunnairt a mheasadh: mòr, meadhanach mòr no beag. Feumar dèiligeadh ri cunnartan mòra mar phrìomhachas, agus bu chòir gum bi gach ceum smachdachaidh air a mheasadh "iomchaidh" mus tèid an gnìomh/tachartas air adhart. Bu chòir dhuibh sùil às ùr a thoirt air a' mheasadh cunnairt gu cunbhalach (bu chòir dhuibh clàradh cuin a tha sibh a' dol a dhèanamh ath-sgrùdadh, 's dòcha an ceann 6 no 12 mìos), no ma dh'atharraicheas an lagh, no ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr (àite no luchd-obrach ùr) no ma bhios tubaist ann no ma thachras rudeigin.

Liosta Ghnìomhan airson Tomhas Cunnairt – Tachartasan Fèise

Ainm na Fèise				Deit a' Mheasaidh		
Air a mheasadh le				Aontaichte le		
Seòrsa Tachartais	Cànan	Ealain & Obair-chiùird		Àite Togalach/Seòmar		
	Seinn /Dràma	Spòrs A-muigh/ A-staigh		Neach-teagaisg		
	Dannsa	Ionnstramaidean		Fiosrachadh mun Tachartas		

Cuimhnichibh 's dòcha nach bi a h-uile cunnart a tha a' bualadh oirbhse air an liosta seo. Cuiribh cunnartan/cùisean freagarrach don àite/tachartas agaibhse air an liosta agus tomhas an ìre cunnairt mura h-eil iad ann mu thràth.

1 Deuchainnean ron Fhèis			5 Daoine & a' Bhuidheann: Cunnartan		
1.1	Thathas Cinnteach às gu bheil an t-àite freagarrach – Seòmraichean & Raon-cluiche (faicibh cuideachd earrainnean 3 agus 12)		5.1	Cion fiosrachaidh, trèanaidh no stiùiridh	
1.2	Fhuaras Foirmichean-Ceadachaidh Phàrantan (le fiosrachadh conaltraidh)		5.2	Droch phlanadh no deasachadh airson tachartasan	
1.3	Duilgheadasan meidigeach air an comharrachadh sna foirmichean		5.3	Droch lìbhrigeadh no eagrachadh a thaobh thachartasan	
1.4	A' frithealadh air feumalachdan sònraichte		5.4	Aineolach mu riaghailtean agus / no modhan-obrach	
1.5	Cùmhnantan & Fiosrachadh air an cur don luchd-teagaisg/-stiùiridh		5.5	Giùlan Cunnartach	
1.6	Cha do rinneadh dearbhadh pearsanta air daoine Rinneadh dearbhadh pearsanta air luchd-teagaisg/luchd-stiùiridh/buill a' chomataidh a tha a' cuideachadh		5.6	Cion ghoireasan agus eòlas ciad-chobhair	
1.7	Chan eil slàinteachas bìdh math gu leòr Tha inbhean iomchaidh ann		5.7	Feumalachdan meidigeach na cloinne	
1.8	Luchd-obrach sa chidsin/bhùth-bìdh a tha aineolach mu aileirgidhean		5.8	Ceannardan nam buidhnean gun smachd gu leòr air cunnart	
1.9	Cha deach Oifigear Dion Chloinne ainmeachadh		5.9	Mura h-eil clann mothachail gu leòr air sàbhailteachd	
1.10	Chan eil Ciad-chobhair freagarrach ann		5.10	Cion co-obrachaidh sa bhuidhinn	
1.11	Mura h-eil ceumannan iomchaidh ann		5.11	Diofar chomasan sa bhuidhinn	

	gus dèiligeadh ri Teine is Cùisean Èiginn			
1.12			5.12	Chan eil iad fallainn / làidir gu leòr
2	A' togail/ a' fàgail clann		5.13	Ionnsaighean eadar clann
2.1	A' dol ann an/a' tighinn far bhusaichean is chàraichean		5.14	Daoine gun chead/gun dearbhadh pearsanta a' dèiligeadh ri clann
2.2	Neach-stiùiridh aig an doras/geata gus pàrantan/clann a stiùireadh chun an àite-clàraidh		5.15	Clann a' dol an sàs ann an uidheam chunnartach/gun chead (me, sparran streap, ròpannan, msaa)
2.3	Àite-clàraidh – pàrantan a' clàradh clann agus a' dèanamh cinnteach à fiosrachadh conaltraidh		6	Fèisean Còmhnaidh
2.4	Dòighean gus clann a chumail toilichte nuair a tha iad a' feitheamh ri càch a bhith deiseil a chlàradh, me, geamannan, cur-seachadan		6.1	Stiùiridhean Teine & Èiginn
2.5	Soilleir do luchd-obrach dè tha a' tachairt nuair a thathar a' togail clann (cò/cuin/ciamar)		6.2	Àiteachan-fuirich iomchaidh – rùm gu leòr airson gach leabaidh, seòmraichean/dormaichean airson gach gnè.
2.6	Modhan obrach ma bhios tubaist aig pàiste tron latha no ma dh'fhàsas iad tinn		6.3	Taighean-beaga is goireasan nighe
2.7	Dè thachras mura nochd pàiste (latha/clas)		6.4	Stiùireadh – feadh na h-oidhche (gnè, àireamh)
2.8			6.5	Biadh iomchaidh (dinnear/suipear/bracaist)
2.9			6.6	Feumalachdan Sònraichte?
2.10				
2.11			7	Àm-cead & Amannan nuair nach eil clasaichean ann
			7.1	Mì-mhodh
3	Cho Iomchaidh sa tha an t-Ionad		7.2	Tubaistean
3.1	Toglaichean is Raointean-cluiche		7.3	Burraidheachd
3.2	Stuth dhe bheil an togalach dèanta cugallach		7.4	Uidheam & Seòmraichean Teagaisg
3.3	Raointean cluiche cunnartach/neo-chòmhnard			
3.4	Sìde fhuar/fhliuch		8	Tachartasan air an Oidhche, Cuirmean-ciùil & Cèilidhean
3.5	Losgadh grèine/fiabhras bho theas (uachdar-grèine, adan, aodach, san dubhar, nuair a chumar cur-seachadan a-muigh)		8.1	Fiosrachadh do Phàrantan/Clann
			8.2	A' fàgail/a' togail clann
4	Uidheam is Cunnartan Eile		8.3	Taic is stiùireadh air Cùl na Stèidse
4.1	A' làimhseachadh airgead		8.4	Seòmraichean-èididh
4.2	A' siubhal gu agus bhon tachartas agaibh		8.5	Càbaill agus cnapan-starra eile air agus air cùl na stèidse

4.3	Aileirgidh bìdh/air ur puinnseanachadh le biadh (Bùth-bìdh/bèicearachd)		8.6	Uidheam & ionnstramaidean troma	
4.4	Stuthan cunnartach (Ealain & Obair-chiùird, Glanadh?)		9	Tachartasan air an cumail le cunnradairean, me, a' falbh ann an curachan, cuairtean le stiùireadh (<i>orientering</i>), msaa	
4.5	Uidheam le pàirtean teth / a tha a' gluasad, no le lann geur		9.1	Cinnteach à teisteanasan / measaidhean cunnairt / àrachas a' chunnradair?	
4.6	Uidheam throm		10	Cunnartan eile gu sònraichte co-cheangailte ris an tachartas	
4.7	Cunnartan bho uidheam le dealan		10.1		
4.8	Fuaim na h-uidheime		10.2		
4.9	Cunnart ann gun tèid ur glacadh / no ur n-aodach a ghlacadh san uidheim		10.3		
4.10	Àrainneachd neo-iomchaidh airson a bhith a' cleachdadh na h-uidheime		10.4		
4.11	Cion uidheam-dìona		10.5		
4.12	Tha an uidheam ann an staid/suidheachadh neo-iomchaidh (a' gabhail a-steach sèithrichean is deasgaichean air an càrnadh)		10.6		
4.13	Cumadh/suidheachadh an t-seòmair		10.7		

11	Cunnartan A-staigh		17	Smachd air clann ann am Meanbh-bhus	
11.1	Solas neo-iomchaidh		17.1	Comasan an Dràibheir (cead-dràibhidh, trèanadh)	
11.2	Teòthachd		17.2	Dràibhear a' cumail ris na h-àireamhan is stiùiridhean laghail airson a bhith a' giùlan clann	
11.3	Àite gun rùm gu leòr no rùm nach eil iomchaidh		17.3	Dràibhear gun Dearbhadh Pearsanta	
11.4	Mì-sgiobalta – cunnart teine/tuisleachadh		17.4	Àrachas airson a' charbaid	
11.5	Staidhrichean – dorcha / cas / gun rèile-làimhe		17.5	MOT agus staid a' charbaid (A dh'aindeoin eileanan far nach eil MOT/VT20 a dhìth, cha bu chòir dhuibh clann a ghiùlan ann an carbad nach eil freagarrach)	
11.6	Cion slighean teine / innealan-smàlaidh / stiùiridhean teine		17.6	Suidheachain gu leòr	
11.7	Cunnart ann Sleamhnachadh / tuisleachadh / tuiteam		17.7	Criosan-sàbhailteachd	
11.8	Cion Fionnarachaidh		17.8	Fuaim is mì-mhodh air a' bhus (àireamh iomchaidh de luchd-stiùiridh airson na cloinne)	

11.9	A' gabhail dust air an anail			Fiosrachadh feumail:	
11.10	Droch làir airson tachartasan – sleamhnachadh / tuisleachadh / buille			http://www.scotland.gov.uk/Publications/2004/12/20444/48948	
11.11	Cunnart bho dhealan			http://www.scotland.gov.uk/Publications/2004/12/20444/48951#123	
11.12	A' cleachdadh innealan is stuthan ciùird/ealain (siosar, sgian, glaodh, msaa)				
12 Cunnartan an lùib Spòrs is Dannsa				http://www.scotland.gov.uk/Publications/2004/12/20444/48943	
				http://www.scotland.gov.uk/Publications/2004/12/20444/48948#65	
12.1	Raon Spòrs/Làr Dannsa neo-chòmhnard				
12.2	Raon Spòrs/Làr Dannsa a tha ro chruaidh no bog				
12.3	Nitheadh cruaidh no geura air a' phàirc/raon-cluiche		18	Tachartasan eile a-muigh an lùib na Fèise	
12.4	A' slaighdeadh air feur-fuadain no teàrr		18.1	A rèir gach Fèis fa leth	
12.5	A' bualadh na chèile / a' Strì ri nitheadh no daoine eile				
12.6	Buille bho uidheam spòrs				
12.7	Air an leòn le buille ann an spòrs (bho chuideigin eile, ball, slacan no caman)				
12.8	Leòn pearsanta – bristeadh / sgochadh / sgròbagan				
12.9	Clann nach eil uabhasach fallain / làidir				
12.10	Cion uisge nam bodhaig				
12.11	Seiseanan tòiseachaidh/crìochnachaidh				
12.12	Losgadh grèine/fiabhras bho theas (uachdar-grèine, adan, aodach, san dubhar, nuair a chumar cur-seachadan a-muigh)				
13 Cunnart an lùib Seinn (cha bhi mòran ann do chloinn ann an bùth-obrach goirid, ach dh'fhaodadh gu leòr a bhith ann do luchd-teagaisg)					
13.1	Strèanadh guth				
13.2	Àrainneachd thais/thioram/dhustach				
13.3	Aodach a tha ro theann				
13.4					
13.5					
14 Conaltradh					
14.1	Cion tuigse air cànan a' chonaltraidh				
14.2	Feumalachdan Sònraichte (BSL, Makaton, msaa)				

15	Cunnart bho bhith a' Cleachdadh Ionnstramaidean			
15.1	Teud a' bristeadh air giotàr/fidheall/clàrsach (gearradh, call sùla)			
15.2	A' cleachdadh ionnstramaidean ann an dòigh neo-ìomchaidh (me, bogha na fìdhle mar chlaidheamh)			
15.3	Ionnstramaidean troma (me, bogsa, meur-chlàr)			
15.4	Diofar dhaoine a' cleachdadh na h-aon ionnstramaid sèididh mar fheadain, fìdeagan, òrgain-beòil, msaa (cunnart gun glac iad tinneas, fuachd, breac a' chnatain, msaa)			
15.5	A' call no a' milleadh ionnstramaid			
15.6	A' cleachdadh seasdan-ciùil trom/a ghabhas a phasgadh (cunnart ann gun tèid neach a ghearradh, msaa)			
15.7	Cus Cluiche – pian, builgeanan			
16	Cunnart bho obair chiùird & ealain			
16.1	A' cleachdadh sgeinean geura (cunntais na sgeinean nuair a tha sibh gan toirt seachad is gan gabhail air ais)			
16.2	A' cleachdadh glaodh is lionn-sgaoilidh (dèanaibh cinnteach nach eil gin a dhìth aig deireadh an t-seisein)			
16.3	Aileirgidhean (clòimh, itean, peant aodainn, msaa)			

CUR-SEACHADAN IS TURASAN A-MUIGH

(Nuair a tha cunnradair a' libhrigeadh nan cur-seachadan seo, dèanaibh cinnteach gu bheil teisteanasan, measaidhean cunnairt agus àrachas iomchaidh aca. Ma thachras nach eil iad iomchaidh, bu chòir dhuibh iarraidh air a' chunnradair barrachd ceumannan smachdachaidh a chur an sàs gus a bheil cunnartan fo smachd iomchaidh.)

19	Costaichean is Uisgeachan air a' Chosta	21	Cunnartan air a' Mhonadh is sna Beanntan
19.1	Tuiteam bho stallachan, cidheachan, ballachan-mara	21.1	A' sleamhnachadh & a' tuiteam air feur, poll, creagan
19.2	Air ur bualadh le rudeigin a thuiteas far stalla	21.2	A' dol tarsainn abhainn
19.3	A' tuiteam & sleamhnachadh air leathad / grunn neo-sheasmhach	21.3	Àiteachan iomallach
19.4	Poll & boglach-gainmhich	21.4	Doirbh conaltradh – sìde / astar
19.5	Doirbh faighinn thuice seach gu bheil leathad na tràghad cho cas	21.5	Sprùilleach a' tuiteam
19.6	Daoine a' bualadh na chèile san uisge	21.6	Barrachd spàirn ann ri linn cruth na tìre / no cho cas 's a tha i
19.7	Air ur sguabadh air falbh leis na tonnan	21.7	Cion fasgaidh
19.8	A' mhuir gur putadh ris na creagan / a' chidhe	21.8	Daoine dealaichte bho chèile
19.9	An t-uisge ro fhuar	21.9	Air chall
19.10	Doirbh conaltradh ri daoine air sgàth nan tonn / suail na mara / cho fada air falbh 's a tha iad	21.10	A' tuiteam bho àirde
19.11	Nithean gur bualadh san uisge	21.11	Droch thìde
19.12	Glacte leis an làn		
19.13	Air ur sguabadh air falbh le sruth na mara		
19.14	Saobh-shruth (no <i>rip tide</i>)		
19.15	Còmhstri eadar daoine air an tràigh	Smachd air clann ann am Meanbh-bhus	
			Faicibh 17 gu h-àrd
20	Cunnartan air Uisge Ciùin / sruthach		
20.1	Air ur sguabadh air falbh bhon uidheim no daoine		
20.2	A' bualadh ann an creagan ann an abhainn agus air bruach na h-aibhne		
20.3	A' bualadh ann an / air ur glacadh le cnapan-starra fon uisge		
20.4	Air ur slaodadh fon uisge le saobh-shruth fon uisge		
20.5	Doirbh no do-dhèanta faighinn a-staigh don / a-mach às an uisge		
20.6	Doirbh a ruighinn – iomairt teasairginn		

	/ a' cur acfhainn don uisge				
20.7	A' tuiteam nuair a tha ìrean uisge eadar-dhealaichte ann an easan / cairidhean				
20.8	An t-uisge ro dhomhainn				
20.9	Uisge a tha ro fhuar				
20.10	Dealaidhte bho chàch				
20.11	A' tuiteam / a' sleamhnachadh air bruaichean casa no grunnnd neo-chòmhnard				
20.12	Doirbh conaltradh ann an àiteachan iomallach				

